

# PLANA: OBAIR NAM MNATHAN AIG ÀM A' CHOGAIDH



## Eòlasan agus Builean

Fhad 's a tha mi ag èisteachd no a' coimhead, 's urrainn dhomh notaichean a sgrìobhadh, an cur an òrdugh fo chinn iomchaidh is an cleachdadh gus smuaintean is fiosrachadh a thuigsinn is teacsaichean ùra a chruthachadh, le m' fhacail fhìn mar a tha iomchaidh. **LIT 2-05a**

'S urrainn dhomh mo notaichean is seòrsaichean sgrìobhaidh eile a chleachdadh airson mo chuideachadh gus fiosrachadh agus smuaintean a thuigsinn, ceistean a rannsachadh, codhùnaidhean a dhèanamh, bun-bheachdan a chur ri chèile is a thoirt air adhart, no teacsa ùr a chruthachadh. Tha mi mothachail gum feum mi na goireasan san d'fhuair mi am fiosrachadh agam ainmeachadh agus 's urrainn dhomh seo a dhèanamh gu h-iomchaidh. **LIT 2-25a**



## Ceangalan eadar-chuspaireil

'S urrainn dhomh bruidhinn mu carson a bha daoine agus tachartasan bho àm sònraichte a dh'fhalbh cudromach, gan cur ann an òrdugh eachdraidheil. **SOC 2-06a**

Tro amharc agus clàradh bhom fhèin-fhiosrachadh thar a' churraicealaim, is urrainn dhomh ìomhaighean agus cruthan a dhèanamh a tha a' sealltainn gu bheil mi a' mothachadh do rudan gu mionaideach. **EXA 2-04a**

Tha mi a' smaoinichadh air a' bhuidh a bhios aig cruth agus coltas an teacsa agus 's urrainn dhomh stoidhlichean litreach, grafaigs agus feartan eile a chur an lùib a chèile airson an sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach dom leughadair. **LIT 2-24a**

Le bhith a' beachdachadh air an t-seòrsa teacsa a tha mi a' cruthachadh, 's urrainn dhomh smuaintean agus fiosrachadh iomchaidh a thaghadh, a chur an òrdugh ann an dòigh a tha a' freagairt air m' adhbhar, agus facail a chleachdadh a rèir mo luchd-amais. **LIT 2-26a**

Tha mi ag ionnsachadh cànan agus stoidhle a chleachdadh ann an dòigh a tha tarraingeach agus/no aig am bi buaidh air an leughadair agam. **GAI 2-27**





## Co-theacsa, Goireasan agus Gníomhan

### Eachdraidh na h-Alba:

<http://www.educationscotland.gov.uk/scotlandshistory/20thand21stcenturies/worldwarII/index.asp>

Cruinneachadh de dhealbhan agus postairean a tha a' sealltainn obair Mnathan an Fhiodha agus Caileagan Fearainn.

Dè tha na dealbhan ag innse mu obair nam mnathan aig àm a' chogaidh. Cuir Post-its a-mach gus am faigh na sgoilearan air am beachdan a sgrìobhadh. Ag obair ann am buidheannan, leig leis na sgoilearan stad aig gach dealbh airson 2-3 mhionaidean gus beagan meòrachaidh a dhèanamh.

Nuair a tha gach buidheann air ruith air na dealbhan gu lèir, seall ris na freagairtean, a' toirt air sgoilearan na h-abairtean aca a leughadh. Beachdaich air na chaidh a sgrìobhadh agus thoir air na sgoilearan smaoineachadh mu cho iomchaidh 's a bha e do bhoireannaich a bhith an sàs san obair chudromach seo aig àm a' chogaidh.

Èist ri Anna NicDhòmhnaill a' bruidhinn mu nuair a bha i fhèin ag obair air an fhiodh. (<http://www.thmlearning.co.uk/gd/resources/gaelic-resources-2.html>)

Thoir an duilleag airson notaichean do gach sgoilear gus an sgrìobh iad notaichean fhad 's a tha iad ag èisteachd. Dèan beagan còmhraidh mun obair agus suidheachadh-obrach na mnathan.

A-rithist, a' cleachdadh postairean airson stiùir, thoir air na sgoilearan smaoineachadh air na h-obraichean a dh'fhaodadh boireannaich a dhèanamh. Dèan liosta agus beachdaich air dè cho freagarrach 's a bha na h-obraichean do bhoireannaich.

Thoir sùil mhionaideach air na postairean. Smaoinich air:

- na h-ìomhaighean a chaidh a chleachdadh
- an teachdaireachd a bha air cùl gach dealbh
- am briathrachas
- na h-aodaichean a bh' air na mnathan

Iarr air na sgoilearan am fiosrachadh a th' aca mu obair agus suidheachadh-obrach nam mnathan a chleachdadh gus postairean a dhealbhadh a thàladh boireannaich chun na h-obair seo. Cleachd stoidhle dealbhadairean an ama. Dèan liosta de bhuilean soirbheachaidh còmhla ris na sgoilearan.

Seall ris a' chriomaig film seo mu Caileagan Fearainn:  
<http://www.nationalarchives.gov.uk/education/homefront/women/land/>



## Measadh

### CRUTHAICH

'S urrainn dhomh am fiosrachadh a th' agam agus mo mhac-meanmna a chleachdadh gus postair a dhealbhadh.

### DÈAN

'S urrainn dhomh postair a dealbhadh ann an stoidhle àm sònraichte ann an eachdraidh.

### CAN

### SGRÌOBH



## HOTS – Sgilean Breithneachaidh

A' dèanamh anailis

---

A' cur gu feum

---



A' cruthachadh

---



A' luachadh

---

A' cuimhneachadh

---

A' tuigsinn

---



## Na Ceithir Comasan

### Soirbheachail:

'S urrainn dhomh postair a dhealbhadh bho rannsachadh a rinn mi air obair agus sidheachadh-obrach nam mnathan aig àm a' chogaidh

### Misneachail:

### Cunntasach:

### Èifeachdach:



## Sgilean:

A' dèanamh coimeas

A' cuir eòlas air amannan sònraichte ann an eachdraidh

A' dealbhachadh